

TAIGHEADAS GU

2040

**LÈIRSINN AIRSON
AR DACHAIGHEAN AGUS
COIMHEARSNACHDAN
SAN ÀM RI TEACHD**





DÈ TH' ANN AN TAIGHEADAS GU 2040?

THA TAIGHEADAS air leth cudromach ann a bhith a' coileanadh ar n-amasan airson Alba, nam measg cur às dha bochdainn chloinne agus dìth-dachaigh, cur às dha bochdainn connaidh, ionnsaigh an aghaidh buaidhean atharrachadh na gnàth-shìde agus a' brosnachadh fàs ion-ghabhailta. Tha sinn airson gum bi dachaigh a tha blàth, ruigsinneach agus aig prìs reusanta aig a h-uile neach ann an Alba.

Tha sinn ag iarraidh ur cuideachadh le bhith a' planadh còmhla mar a bu chòir ur dachaighean agus coimhearsnachdan a bhith ann an 2040, a' gabhail a-steach na diofar sgìrean a th' ann an Alba, bailteil, dùthchail agus sna h-eileanan. Tha maoineachadh airson taigheadas aig prìs reusanta air a bhith aig an ìre as àirde riamh o chionn ghoirid, agus tha e cho cudromach 's a bha e riamh gu bheil sinn a' faighinn an luach as fheàrr bhon h-uile not a tha sinn a' cosg.

Tha sinn air a bhith a' conaltradh mu thràth le comhairlean, gnìomhachasan, buidhnean cathrannais, sealbhadairean dachaigh, luchd-màil agus mòran dhaoine eile. Tha sinn air a bhith ag iarraidh orra beachdachadh air na dùbhlain tha a' toirt oirnn rudan ùra fheuchainn san àm ri teachd (duilleag 3). Tha am beachdan air ar cuideachadh gus lèirsinn airson 2040 a sgrìobhadh (duilleag 4-5); 's e seo an dòigh a tha sinn airson gum bi daoine a' bruidhinn mu dheidhinn an dachaighean agus coimhearsnachdan ann an 2040. Tha sinn cuideachd air 15 prionnsabalan a chruthachadh (duilleag 6-7); tha iad seo mar iùl aig àrd-ìre air mar a ruigeas sinn co-dhùnaidhean air mar a thèid an lèirsinn a choileanadh.

Sa bhileag seo tha cunntas goirid air an lèirsinn agus prionnsabalan airson deasbad. Gheibh sibh an lèirsinn slàn aig: www.gov.scot/publications/housing-to-2040.

As t-earrach 2020, foillsichidh sinn an lèirsinn deireannach airson Taigheadas gu 2040, agus clàr a sheallas mar a ruigeas sinn e. Tha sinn airson gum bi an lèirsinn seo a' buineadh do dhaoine air feadh Alba. An uairsin faodaidh sinn planaichean fad-ùine a dhèanamh a bheir deimhinneachd do dhaoine agus buidhnean air feadh Alba.

Cuiribh thugainn ur beachdan (duilleag cùil)



CUID DE NA DÙBHLAIN

THA AR sluagh a' fàs nas sine agus tha daoine beò nas fhaide

Tha seo a' ciallachadh gum bi iarrtas nas motha ann airson slàinte agus cùram sòisealta. Tha sinn airson beachdachadh air na diofar seòrsan taigheadais a th' againn agus brosnachadh barrachd sùbailteachd a thaobh freagarrachd airson gun urrainn dhuinn fuireach gu neo-eisimeilich nar dachaighean airson nas fhaide, a' lùghdachadh an t-iarrtas sin.

THA AN àireamh de dhachaighean a' fàs agus tha barrachd dhaoine a' fuireach leotha fhèin

Tha an àireamh de dhachaighean ann an Alba a' fàs agus tha dachaighean le aon neach a' fuireach ann gu bhith mar an seòrsa dachaigh as cumanta. Tha seo a' ciallachadh gu bheil againn ri smaoineachadh gu ro-innleachdail air mar a dhealbhas agus mar a thogas sinn dachaighean ùra agus càite, agus mar a chleachdas sinn na dachaighean a th' againn san dòigh as fheàrr.

FEUMAIDH SINN lasachadh a dhèanamh air buaidhean atharrachadh na gnàth-shìde

Feumaidh sinn dèanamh cinnteach gu bheil ar dachaighean èifeachdach a thaobh cumhachd agus freagarrach airson buaidhean atharrachadh na gnàth-shìde. Tha sinn air na gnìomhan a nì sinn airson eimiseanan bho ar dachaighean a lùghdachadh sa Phlana airson Atharrachadh na Gnàth-Shìde agus ur clàr airson Alba Èifeachdach a thaobh Cumhachd. Tha sinn cuideachd air Bile Atharrachadh na Gnàth-Shìde a thoirt a-steach airson na targaidean againn airson lùghdachadh eimiseanan de ghasaichean an taigh-ghlainne.

FEUMAIDH IOMAIRT a bhith ann an aghaidh dìth-dachaigh

Cha bu chòir do dhuine sam bith a bhith gun àite sàbhailte, blàth mar dhachaigh - 's e seo an adhbhar a tha sinn ag obair gu cruaidh an aghaidh dìth-dachaigh ann an Alba. Dh'fhoillsich sinn plana-gnìomh An Aghaidh Dìth-dachaigh agus Garbh-chadal airson cruth-atharrachadh ann an àitean-fuirich sealach agus crìoch a chuir air garbh-chadal agus dìth-dachaigh.

THA SINN airson a bhith ag iomairt an aghaidh bochdainn chloinne

Tha Riaghaltas na h-Alba air gealltainn crìoch a chuir air bochdainn chloinne agus 's urrainn don siostam taigheadais ar cuideachadh gus seo a dhèanamh. Tha sinn airson gum bi taigheadas ri fhaighinn aig prìs agus cosgaisean reusanta airson bochdainn a lùghdachadh airson dachaighean le clann.

FEUMAIDH SINN a' chùis a dhèanamh air buaidhean Bhrexit agus ath-leasachadh shochairan bho Riaghaltas an RA

Bidh buaidh aig Brexit air solar agus iarrtas thaigheadais. Tha na h-ath-leasachaidhean shochairan bho Riaghaltas an RA air an taic a bheir iad seachad a lùghdachadh - tha Riaghaltas na h-Alba ag obair gus seo a chuideachadh, ach chan eil seo seasmhach san ùine fhada.

A' LORG DACHAIGH FREAGARRACH

Faodaidh mi dachaigh freagarrach fhaighinn gu math luath nuair a dh'fheumas me. Faodaidh mi an sgìre de dh'Alba agus an seòrsa dachaigh a thaghadh.

COTHROMACHD

Tha cuideachadh ann dhomh mu dheidhinn taigheadas ma dh'fheumas mi e. Gheibh mi taic mo dhachaigh a chumail aig amannan doirbh nam bheatha.



DEALBHADH

Tha mo dhachaigh air an deagh dhealbhadh agus aig àrd-ìre, le rùm gu leòr agus sùbailteachd airson gum bi deagh bheatha agam. Chaidh deagh oidhirp a dhèanamh ann an dealbhadh mo dhachaigh.

CO-IONANNACHD INBHEACH

Chan eil e furasta aithneachadh a bheil mi nam shealbhadair neo nam mhàladair; 's e deagh àite a th' ann a tha freagarrach dhomh.



SIOSTAM TAIGHEADAIS A THA AG OBAIR GU MATH

DEAGH DHACHAIGHEAN SEASMHACH

DACHAIGH RUISGINEACH

Tha mi comasach pàigheadh airson dachaigh a tha freagarrach dhomh. Tha màl aig prìs reusanta a bheir dhomh an cothrom airgead a shàbhaladh airson dachaigh a cheannach ma tha mi airson.



DEAGH CHLEACHDADH

Tha cuideigin a' fuireach sa h-uile dachaigh air an t-sràid agam agus chan eil dachaigh sam bith falamh airson ùine fhada gun deagh adhbhar

ÌRE CARBOIN ÌOSLAIC

Tha fios agam nach eil droch bhuaidh aig mo dhachaigh air a' phlanaid; tha e air a bhlàthachadh le cumhachd ath-nuadhachaidh a tha èifeachdach agus aig prìs reusanta. Tha sinn uile ag obair an aghaidh atharrachadh na gnàth-shìde.

COIMHEARSNACHDAN DÙTHCHAIL AGUS EILEANACH

Tha mi a' fuireach ann an sgìre iomallach agus tha roghainn ann a thaobh taigheadais airson a h-uile duine. Tha taigheadas a' cuideachadh luchd-obrach agus fuireach sa choimhearsnachd; agus tha gnìomhachasan san sgìre a' togail dachaighean ùra.

DACHAIGHEAN NAS SÌNE

Tha mo dhachaigh gu math sean ach tha dòighean ùra aig prìs reusanta airson a dhèanamh nas cofhurtaile agus èifeachdach a thaobh cumhachd gun a bhith ga mhilleadh.

COSGAISEAN-RUITHE


Tha mi a' tuigsinn cosgaisean-ruithe mo dhachaigh agus dè as urrainn dhomh dèanamh airson cosgaisean agus eimiseanan carboin a lùghdachadh; tha e math gu bheil sinn a-nis seachad air bochdainn connaidh.

Gheibhear barrachd beachdan san lè

RSINN

A' FUIREACH IONADAIL

Tha deagh roghainn de thaigheadas ri fhaighinn, a' ciallachadh gun urrainn dhomh fuireach san sgìre ma dh'atharraicheas cùisean. Faodaidh mi mo nàbaidhean agus caraidean a chumail.



ÀITICHEAN CO-CHEANGAILTE

Tha mo chomhairle ionadail agus luchd-leasachaidh ag èisteachd rium agus ri mo choimhearsnachd. Tha iad mothachail de na tha feum againn air. Tha deagh bhun-structar ann agus tha deagh cheanglaichean againn.



MO CHÒRAICHEAN

Tha fios agam càite an tig mi airson fiosrachadh agus comhairle mu dheidhinn mo chòraichean a thaobh taigheadais. Tha fios agam càite am faigh mi an taic a dh'fheumas mi ma tha mi ann an cunnart mo dhachaigh a chall.

FÈIN-THOGAIL

Nuair a thog mi an dachaigh agam fhìn, bha e furasta taic agus comhairle fhaighinn. Tha seo a' ciallachadh gu bheil dachaigh agam a tha freagarrach dhòmhsa.

COIMHEARSNACHDAN SEASMHACH

COIMHEARSNACHDAN BRÌGHEIL

Tha mo choimhearsnachd beòthail le bùthan, seirbheisean agus àitean tarraingeach airson coinneachadh ri daoine. Tha daoine air an tarraing dhan choimhearsnachd airson a bhith a' fuireach agus ag obair, agus tha gnìomhachasan ionadail soirbheachail.



DACHAIGHEAN A THA A' TIGHINN SUAS RI FEUMALACHDAN DHAOINE


MO DHÒIGH-BEATHA

Tha mo dhachaigh gam chuideachadh le mo shoirbheas, agus soirbheas mo theaghlach. Tha e a' toirt taic dhomh aig diofar irean mo bheatha agus tha e furasta atharrachadh ma tha e iomchaidh.



SLÀINTE AGUS SOIRBHEAS

Tha deagh phròis coimhearsnachd ann far a bheil mi a' fuireach agus tha daoine daoine a' toirt an aire mu ar suidheachadh. Tha na sràidean glan agus ruigsinneach a bhith a' coiseachd agus air baidheagan.



MO SHEIRBHEISEAN

Tha mi a' faighinn an taic a dh'fheumas mi gus fuireach gu neo-eisimeileach nam dhachaigh, le taic bho theicneòlas ùr agus adhartach. Faodaidh mi slàinte, sochairean, foghlam agus seirbheisean eile fhaighinn, air sàilleabh gu bheil deagh cheanglaichean nam choimhearsnachd.



PRIONNSABAL 1

Bu chòir gum bi taigheadas aig àrd-ìre agus aig prìs reusanta ri fhaotainn tron siostam taigheadais, airson gluasad air falbh bho thaighean mar dhòigh beairteas a chumail.

SIOSTAM TAIGHEADAIS A THA AG OBAIR GU MATH

PRIONNSABAL 2

Bu chòir do phoileasaidh an Riaghaltais (mar eisimpleir cìsean agus subsadaidhean) a bhith a' cur air adhart seasmhachd ann am prìsean thaighean, airson bunait a thoirt do dh'ìnbhe-beatha agus tarbhachd na h-Alba, agus gus Alba nas Cothromaiche a bhrosnachadh.

PRIONNSABAL 3

Bu chòir don chothrom a bhith aig a h-uile duine sàbhaladh airson na h-àm ri teachd (a bharrachd air a bhith seasmhach nan dachaighean agus comasach atharrachaidhean a dhèanamh) ge brith ged a tha iad nan luchd-seilbh neo a' pàigheadh màl.

PRIONNSABAL 4

Bu chòir do sholaran taigheadais a bhith mothachail de chosgaisean eaconomach agus sochairean agus comasach cuideachadh gus neo-ionannachdan ann an slàinte, beairteas agus foghlam a leasachadh.

PRIONNSABAL 5

Bu chòir do dh'ìnbhean beusail airson dachaighean ùra (agus dachaighean a bh' ann cheana ma tha seo iomchaidh) a bhith gun chasg air gabhaltachd agus air an dealbhadh gus ìre-beatha agus àite a leasachadh agus a dhìon.

DEAGH DHACHAIGHEAN SEASMHACH

PRIONNSABAL 6

Bu chòir do phoileasaidh an Riaghaltais a bhith a' brosnachadh barrachd iomadachd ann an luchd-togail dhachaighean agus barrachd fearann ri fhaotainn airson leasachadh gus am bi prìsean nas reusanta agus càileachd nan togalaichean nas fheàrr.

PRIONNSABAL 7

Bu chòir do ghabhaltachd sam bith a bhith aig an aon ìre de chàileachd, ìnbhe sàbhailteachd agus ìre de dhìon airson luchd-ceannaich.

PRIONNSABAL 8

Bu chòir dachaighean ùra a tha air an reic a bhith aig àrd-ìre, bu chòir rud sam bith a tha ceàrr a chuir ceart gu luath, agus bu chòir an cothrom a bhith aig luchd-seilbh sam bith an dachaighean a chumail suas.

PRIONNSABAL 9

Bu chòir gum bi co-dhùnaidhean a thaobh càileachd, suidheachadh agus cleachdadh taigheadais a th' ann cheana a bhith adhartach ann a bhith a' leasachadh bith-iomadachd, a' brosnachadh tèarainteachd cumhachd na h-Alba, agus cunbhalach leis an targaid gum bi eimiseanan na h-Alba neo-phàirteach a thaobh carboin ro 2045.

SABALAN

PRIONNSABAL 10

Cha bu chòir taigheadas ùr, agus na goireasan coimhearsnachd a tha na chois, a bhith ri fhaotainn ach nuair a tha iad a' cuideachadh gus coimhearsnachdan nas sàbhailte, nas làidire, nas tarraingiche, nas seasmhaiche agus nas aonaichte a chruthachadh.

PRIONNSABAL 11

Bu chòir an cumhachd a thoirt do choimhearsnachdan ionadail freagairt ri feumalachdan taigheadais san sgìre aca, mar phàirt de dhòigh-obrach eaconomach cunbhalach ionadail (a' cruthachadh agus a' glèidheadh obraichean) agus le taic bho bhun-structar freagarrach.

COIMHEARS- NACHDAN SEASMHACH

PRIONNSABAL 12

Bu chòir don Riaghaltas taic a thoirt do choimhearsnachdan a th' ann agus coimhearsnachdan ùra a bhith air an ceangal còmhla gu fiosaigeach, gu didseatach, gu cultarach agus gu h-eaconomach taobh a-staigh sgìre òrdail; bu chòir don taic seo gabhail a-steach a bhith a' cumail agus a' tarraing coimhearsnachdan brìgheil ann an sgìrean far a bheil di-dhaoineachadh cumanta.

PRIONNSABAL 13

Bu chòir don Riaghaltas dèanamh cinnteach gu bheil roghainnean taigheadais ri fhaighinn aig prìs reusanta air feadh Alba airson daoine aig a h-uile ìre cosnaidh.

DACHAIGHEAN A THA A' TIGHINN SUAS RI FEUMALACH- DAN DHAOINE

PRIONNSABAL 14

Bu chòir do thaigheadas agus margadh an taigheadais a bhith comasach atharrachadh gu luath airson cumail suas ri mar a tha feumalachdan dhaoine ag atharrachadh.

PRIONNSABAL 15

Tha còir aig dachaigh freagarrach a bhith aig a h-uile duine.*

* Tha Cunraidhean nan Dùthchannan Aonaichte ag ràdh gu bheil còir aig a h-uile duine ri ìre bith-beò freagarrach dhaibhsan agus dhan teaghlaich, a' gabhail a-steach biadh, aodach agus taigheadas freagarrach.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh air dè dh'fhaodadh na prionnsabalan seo ciallachadh gu h-àbhaisteach san sgrìobhainn slàn a tha ri fhaotainn aig: www.gov.scot/publications/housing-to-2040



CUIRIBH THUGAINN UR BEACHDAN

Tha sinn airson gun urrainn dhuibh ur beachdan a chuir thugainn mu dheidhinn mar a tha sibh airson gum bi ar dachaighean agus coimhearsnachdan ann an 2040.

- Dè na cùisean a thaobh taigheadais a tha as cudromaiche dhuibh agus dhar coimhearsnachd?
- A bheil an lèirsinn agus prionnsabalan againn a' cur cuideam gu leòr air na cùisean sin?
- Ciamar a tha sibh airson gum bi ar dachaighean agus coimhearsnachdan ann an 2040? Dè tha eadar-dhealaichte? Dè tha coltach ri an-diugh?

Bidh co-chomhairleachadh foirmeil as t-fhoghair air an lèirsinn agus na prionnsabalan, còmhla ri na roghainnean poileasaidh a bhios ann airson ceumannan practaigeach a ghabhail airson a chuir sa chlàr againn. Bheir seo iomadh cothrom dhuibh ur beachdan a chuir thugainn.

'S urrainn dhuibh a-nis na leanas a dhèanamh:

- Bruidhinn mu dheidhinn seo le ur caraidean agus teaghlach, nar coimhearsnachdan, san àite-obrach neo air Twitter a' cleachdadh an taga-hais #housing2040
- Cuiribh thugainn ur beachdan aig Housing2040@gov.scot (thoir fa-near nach urrainn dhuinn freagairt fa-leth a chuir air ais gu gach post-d)

*Riaghaltas na h-Alba
Iuchar 2019*



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba
gov.scot